



5.20

H.M. 175.

Fig. p. 116











# L A O I D H E A N

LE

G. FARCHARSON.

*Blarney*

OBAN: JAMES MILLER.



## ORAN NA SAORSA.

AIR FONN. "Whistle o'er the lave o't."

Togam fonn, a bhios neo-throm,  
Togam fonn, a bhios neo-throm,  
Togam fonn, a bhios neo-throm,  
    Togam fonn air tròcair.

Bha mi caillte, 's rinn mo shaor' ;  
Bha mi 'm thràill a's rinn mi saor;  
Bha mi aineolach, a's baoth,  
    'S rinn mi gaolach, eòlach.

Bha mi greis air feadh an t'saogh'il,  
A' dian ruith as deigh na gaoith ;  
'S ged bha e mar fhaileas fhaoin,  
    Bha mi daonnan 'n tòir air :  
'Gealltuinn sonais domh 's gach àm,  
'S misc ann am bhaothair' dall;  
'Ga làn chreidsinn chum mo chall,  
    'S m' anam cailt gun tròcair.

Bha mi greis' a'm thràill do n' pheac,  
Truaillidh, gràineil, a's mi chneasd,  
Uaibhreach, àrdanach, gun neart;  
    'S air seach'ran ri dò-bheairt:  
Gun ghaol do Dhia, no da shluagh,  
Do 'aith'ntean ro naomh toirt fuath;  
'S a greasad le casan luath,  
    D'hionnsuidh truaigh, a's dòruinn.

Bha mi greis am dhuine fia'ich,  
Am nàmhaid dhomh féin 's do Dhia;  
'Na aghaidh cogadh gu dian,  
    A's an diobh'l ga m' threòrch' ;  
Bristeadh aith'ntean naomh gu dlàth,  
'S ri saor ghràs a cuir du chùl:  
Mar dhuin' air bhoile 's air bheag iùl,  
    'G cuir tur chùl ri tròcair.

Bha mi greis am dhuine dall  
 Mar nach biodh Dia 's Biobull ann,  
 Na fiù anam chum a chall,  
 Bha mo cheann gun eòlas;  
 An seòmar dorch a's e dùint',  
 Bha mise 'n sin air bheag iùl;  
 Gun mhothachadh, a's gun tur,  
 Bha mo shùilean còmhdaicht'.

Ach an Dia a bha dhomh eòir,  
 'Sgap an duibhre 's theich an ceòd;  
 Thainig solus glan an lò,  
 Chuir góraich o'n inntinn:  
 Chunnaic mi gu soilleir rèidh,  
 Cho tur sgriot 's a bha mi fein—  
 Am chuspair air corruiich Dhè,  
 'S dol gu leirsgrios mhillteach.

Be sud 'n solus bha dhomh cruaidh,  
 Spùnn a' chreach, sa dh' fhàg mi truagh;  
 Fo na casan chuir an uaill;  
 'S thug mi nuas gu h-iosal:  
 Ciontach, gràineal, dìte cait,  
 Bha mi anns na làmhau garg;  
 Ceartas 'g èigheach rium na fheirg;  
 "Tha thu dearbht fo 'n diteadh."

"Rufig anis an saogh'l 'san diabh'l,  
 Roghnuich thu chum bhi gad' riagh'l',  
 Ann an cridh, an cainnt, 's an gniomh,  
 Fad roimh Dhia na firinn:  
 'S glaodh gu h'àrd riu air son dion,  
 'S teasairginn o'n chorruich fhia'ich,  
 Tha tìrlainn ort nuas o Dhia,  
 Chum do phian gu siorruith."

Och! nan och! nach truagh mo chor!  
 Ciod a ni iad air mo shon?  
 Tur chaillte tha m' anam bochd!  
 Dol do 'n t'slochd gun iochdar;  
 Dhe! a Dhe gabh thus dhiom truas  
 Thoir saorsa do m' anam truagh!  
 Ann a'd fheirg na tilg mi uait  
 Chum na truaigh nach criochnaich!

Tha mi 'g aideachadh gu saor,  
 Bhi neo-airidh air do ghaol;—  
 Ann a'd cheartas 's mi a thoill

Bhi ga 'm chlaoideh gu siorruith:  
 Ach tha thusa làn iochd 'as gràis,  
 Nach eil d' fhocail sin ga radh;  
 'S nach eil thu riaraicht' le bas  
 Do mhic gradhach Iosa.

Fhad sa bhics m' Flear-saoradh beo  
 Cha bhi mo dhòchas gun deo,  
 Nach d' rinn esan fhuil a dhort',  
 Chum tròcair làn riarach':  
 Ruigidh mise bonn a' chroinn,  
 Air 'n do cheusadh e le m' ghreim;  
 'S gach ni ceangailt air mo dhruim,  
 A rinn mi gu mi-mh'ail.

'S guidhidh mi air Dia nan gràs,  
 Tròcair nochd dhomh air a sgàths',  
 Chaidh thogail air a chrann 'n àird;  
 'S esan phàidh na fiachan;—  
 'S esan dh'àrdaich 'n lagh ro cheart,  
 Thug moir ghlòir do Dhia nam feart,  
 Leig ris naomhachd na deadh dhreach,  
 'S do n' cheartas làn dioladh.

'S air dhomh bhi dur shealltuin suas,  
 Ri moir fhullunnas an Uain,—  
 Claidheamh ceartas Dhe g'a bhual,  
 B'uamhasach an ni e;  
 'S air leam gu 'n eual mi e'g radh;  
 "Faic; O faic mi ann a'd ait!  
 Faic mo phiantan air do sgaths'!  
 'N toir thu gradh do chri dhomh?"

Thuit an t'callach dhiom gu luath,  
 Car air char chaith sios do n' uaigh;  
 Chaidh i as an t'sealladh uam,  
 'S cha għluais i gu dilinn.  
 Għrad thaisslich mo chridhe cruaidh,  
 'S deoir mo shuilean shruth gu luath,  
 Thain maoth'chadh air m' anam truagh,  
 'S bha mi buailt' da rireadh.

'S ged bha 'n sealladh ud dhomh goirt,  
 'S mi gu craiteach air mo lot';  
 Thug leigheas do m' anam bochd,  
   'S chaidh gach sprochd air dichuin:  
 Sheas mi 'n sin gu h'aobhach suas,  
 An caomh ghairdeanaibh an Uain;  
 'S spiorad gaolach chuir e nuas,  
   Thoirt athnu'a'chadh cri dhomh.

Chuir esan sheul orm gu luath;  
 Gur leis fein mi a so suas;  
 Chum 's gu 'n leughainn e 's gach uair,  
   Gu bhi suaimhnacach siochail:  
 'S mis a tha fo chomain mhoir,  
 Bhi ga ardaechadh gach lo;  
 'S ann d'a aobhair, a's d'a ghloir,  
   Dhomh is coir bhi dileas.

'S leis-san mi mo charaid caoin,—  
 'S esan cheannaich mi gu daoir;  
 Mo chorp, 's m' anam 's leis faraoin,  
   'S leis mo mhaoin gu h'iomlan;  
 M' uil thalantan, a's mo neart,  
 'S leis gu h'uile le coir cheart:  
 Ga spuinne tha mi, a's ga chreach,  
   Le bhi seasamh diomhan.

Thoir-sa neart dhomh, agus treor,  
 Thusa Thi 's ro aird a'n glòir,  
 Chum air thalamh fhad 's is beo,  
   Mi bhi 'n comhnaidh dileas:  
 Cum-sa m' anam ann an gleus,—  
 Teas-ghradh lasadh suas le h'eud  
 Aigne sgiobalt, inntinn gheur,  
   Chum bhi treun 's an fhirinn.

Tha truaill'eachd, a's fuigheal peac',  
 'N saogh'l, a's satan rinn a gleachd;  
 'S mis a 'm thruaghan air bheag neart,  
   'S cho ro mheat gu stri riu:  
 Se am mealtaireachd, 's am foill,  
 Tha cuir uamhas orm, a's oilt;  
 Iad bhi 'm aighidh a co-bhoinn,  
   Ga m' shior chlaoidh, s ga m' sgith'chadh.

Tarruing 'm fagus tha an uair,  
 Nuair bhathair uil iad 's mhuir ruaidh,  
 'S sheasas mise thall air bruaich,  
 Gheibh orr buaidh gu dilinn:  
 'S theid mi steach measg ainglean Neamh  
 Gun smal, gun phreas an dreach Mhic Dhe  
 Gheibh mi clairsich an deadh ghleus;  
 'S gheibh mi eididh fhiorghlan.

Gheibh cruin gloir nach searg 's nach erion;  
 Gheibh gach ni bhos than mo mhiann,  
 M' anam sasaicht' ann an Dia;  
 Gun chianalas gun mhighean;  
 Ann an lathair fir mo ghraidh,  
 Shaor, 's a shabbail mi na bhaigh;  
 A's ameasg a chommuinn aigh,  
 Bhios an saimh neo-chriochnach.

'S tha mi feoraich dhibh a dhaoin,  
 Sibhse fathast tha do 'n t'saogh'l,  
 'N d' fhnaidh sibh caraid tha cho caoin?  
 'N d' fhnaidh sibh saoirs' cho fiachail?  
 Ciad a ni sibh aig a bhas,  
 Nuair a sgarar sibh gu brach,  
 O gach ni da 'n tug sibh gradh,  
 No bha sibh a miannach?

Mar 'ur cuibhrinn treigibh 'n saogh'l,  
 Cha n' eil e uil ach mar ghaoth;  
 Cha n' eil do 'r n' an'maibh bheir saors,  
 Ach an gaol tha siorruth:  
 Sith, no sonas cha n' eil ann,  
 Ach na gheibhear tre na chrann;  
 Treigibh so, a's tha sibh caitl,  
 'S bidh sibh 'n gainntir iargalt,

'S sibh's mo chairdean, 's mo luchd daimh,  
 Cha leam is aill dol do Neamh,  
 'S sibhse fhagail as mo dheidh,  
 Ann an gaimhlean priosan:  
 Thigibh, thigibh chum an Uain,  
 Thigibh, mar na peacaich thruagh;  
 Thigibh, uile gu ro luath,  
 Tha e truacant dileas.

Bheir saor mhaith'neas duibh gu caoin,  
 O na mhallachd ni sibh saor;  
 Gabhaidh sibh an glacaibh ghaoil,  
   'S bheir dhuibh noamhachd fhiorghlan:  
 Ni e 'ur treor'chadh 's an rod,  
   'S bidh 'ur neart a reir 'ur lo,  
 Gus an ruig sibh riadh'chd na gloir,  
   Ann an solas siorruth.

---

## GAIRM DO NA NAOIMH.

**AIR FONN.** “*Scots wha ha'e wi' Wallace bled.*”

A naoimh a chaith tre iomadh cradb,  
 An aobhair Chriosd ga'r pian gu bas;  
 Grad sheasaibh suas an uabhair blair,  
   Bidh buaidh; no bas 's an stri.  
 Beelselub ceann seadhna' nan daoï,  
 Tha teachd le feachd g'ur creach, 's g'ur claoïd:  
 A's slabhraidih fhad an glaie a laimh,  
   A dheanamh thraillean dhíbh.

Tha brataich Chriosd air togail suas,  
 A chum's gu 'n tionaileadh gu luath  
 Gach uile neach o mheasg a shluaithe,  
   A tha air chuaireart 's an tir:  
 Ach mall'chadh Mheros bidh an taic,  
 Ris gach cladhair bochd gun sprachd,  
 Chumas le ghealtachd e air ais,  
   Gun theachd amach le Criod.

Na h'ainm'ean chleachd a bhi g'ur roinn,  
 A bhiodh g'ur sgap g'ur creach, 's g'ur claoïd:  
 Tilgibh fo 'r easan iad a chaoidh,  
   'S bithibh 'n co-bhoinn na sith:  
 'S cogainb mar bhrathairean taobh ri taobh,  
 An aonachd eridh, 's an ceangail caoin;  
 'Ni chuireas air 'ur naimhdean sgaoim,  
   'S ni iad gun sgoinn, 's gun chlith.

Air thoiseach oirnn tha 'r Ceannard treun,  
 'S claidheamh da fhaobh'r na laimh tha geur  
 Air an each gheal ga chuir 'n a steud,  
 'Cuir eislean air na daoí :  
 Ged ifrinn, 's talamh bhiodh 'n an aon,  
 Chum aobhair shaltairt mar ni faoin,  
 Ni elabair chas dhiubh air an raon ;  
 'S bidh iad 'n am faobh nan sin.

Le creidimh fior an Ios' Mac Dhe ;  
 Le dochas daingean diongmhalt treun ;  
 Seasaind suas ri guaillean cheil,  
 Thoirt reit a's saors do 'r cloinn :  
 Le gradh do Chriosd ga 'r cuir fo smachd  
 'S fhuil ro phriseil dhuinn 'n a taic,  
 Grad eiribh suas thoirt buaidh le gaisg,  
 Air creachadairean air tir.

Le mothachadh air druidheachd peac ;  
 Gach uamhas 's buaras tha na thaic ;  
 Daoine truagh gun smuain a greas'd,  
 Chum peanais tha gun chrich :  
 Mosgailidh sinn le cabhaig suas,  
 'S 'g eigheach a Dhe gabh thus dhiubh truas !  
 Pillibh, o pillibh, dhaoin, gu luath,  
 Tha sibh gu truaigh 'n 'ur sgriob !

Na peacaich tha dol seach gu truaigh,  
 Cridh seachranach ga 'n tarraing uainn ;  
 Togaibh 'ur suil ri Dia gu luath,  
 A chum 's gu 'n gluais a chri :  
 'S gun dean e spiorad dhortadh nuas,  
 A thaisleachadh nan eridh'chean cruaidh ;  
 A's gradh do Dia chuir 'n ait an fhuath,  
 Thoirt saorsa bhuan a's sith ;  
 Tha Dia a nis toirt aithn d' a shluagh,  
 Air Iericho bhi dol mu 'n cuairt :  
 Cuid bhallaichean nuair shuiteas nuas,  
 Bithidh an fhuaim ro bhinn :  
 Ged bhiodh gach namhaid an co-bhoinn,  
 Chum aobhair Chriosd chuir teann a 'm boinn ;  
 Nuair dheireas esan suas le sgoinn,  
 Bristidh gach boinn gun stri.

Gach uile obair tha 's an t'saogh'l,  
 Tha obair Chriosd dol roimh gach aon;  
 'S neach ni searbhaist da le gaol,

Mhoir aoibhnis tha do-inns:  
 Tha riarachadh 'na chridhe blath,  
 Gu bheil e saoithreachadh do ghnath,  
 Chum an'maibh caitl a thoirt o bhath,  
 'S thoirt sabhailte gu tir.

A mhaighistir tha caoimhneal seamh;  
 'S chuid tuairasdail dluth-fhuaght' ri feum;  
 Tha aoidhealachd a ghuins mar Neamh,  
 'G cuir leumanaich 'n a chri:  
 'S nuair sheasas e roimh n' Bhreitheamh mhoir;  
 'S na h' an'maibh shaoradh leis 'n a choir,  
 'S chluinneas e "s maith" o bhriathran bheoil,  
 Gheibh cruin na gloir nach erion.

O m'anam dirich suas tre 'n speur,  
 Mar iolair dhitealaich's gu treun;  
 A's ruig le d' thriall gu Dia 's na Neamh,  
 A bheir dhuit gleus gun dith:  
 'S nuair philleas tu le d' luchd air t'ais,  
 Mar aingeal soills, a'd lochran laist,  
 Chum an'maibh caitl a laimh a bhraid,  
 Thairt dhachaидh dhionnsuidh Chriosd.

### CHA N' EIL ANN AIT DO DHA.

*AIR FONN. "There's nae luck about the house."*

Cha n' eil ann ait do dha, cha n' eil,  
 Cha n' eil ann ait do dha;  
 Se Dia amhain an eridh is leis,  
 'S cha n' eil ann ait do dha:  
 Is uime sin a shaogh'l na bleid,  
 Be 'greasad uam na thrath;  
 Cha n' fhaigh fardach an so thu 'm feasd,  
 Cha n' eil ann ait do dha.

Do Dhia, a's do chairdean caoimh,  
 Gheibh caoimhneas ann a's blaths;  
 Ach falt, no furan do na daoí,  
 Cha n' fhaigh a chaoidh 's an aits,  
 "A shlanuighear, a Mhic an aigh,  
 Gheibh thus an t' ait is aird;  
 'S each bithidh aig do chosan sios,  
 Gu tioral air do sgaths."

A spioraid ghrasmhoir uasal naoimh,  
 Bi thusa chaoidh 's an aits,  
 Is fogair mach gach iodhail peac,  
 'S na leig e steach gu brach:  
 Do theampull fein, a's d'ionad taimh,  
 Biadh e 's gach am do ghnath;  
 'S na ceadaich thus gu 'n tig air smal;  
 Faic t'iomhaidh ann mar sgathn.

'S mu their aon neach, a tha n' ur measg;  
 "Tha agams ait do dha;"  
 Their mise ris "cha n' eil thu ceart,  
 'S air seacharan ata."  
 Cha dean thu mammon, agus Dia  
 A riarrachadh gu brach:  
 Is their mi riut a 'm briathran cneasd,  
 "Tog dheth, tog dheth 'na thrath."

A dhaoine truagh, a tha gun chiall,  
 'N cum sibh o Dhia a choir;  
 'S am faigh n' ur eridh'ehean fardaich fhiall,  
 Ach 'n saogh'l, an diabh'l, 's an fheoil?  
 Bhur eridheachau, fosglaibh gu fiall,  
 'S ann do ard Thriath na gloir;  
 Is leigibh leis-san tigh'nn a steach,  
 Le a chuid feachd tha coir.

Thig beath, a's sith, a's sonas leis,  
 Thig teasairginn, a's slaint;  
 Liubhraidih an namhaid dha a chreich,  
 'S teichidh le geilt, 's le nair:  
 Nuair anns an arois gheibh e buaidh,  
 Suas tcgaidh bhrataich ard;  
 Ceart ionann 's mar gu 'n labhairt leis;  
 "S mis is Righ san aits."



Anns an t'saoghal ata ri teachd,  
Gun teagamh tha da ait;  
Ach ait dhiu sin, se 'n tait is mios,  
Leir-sgrios a's truaigh, a's cradh.  
'S an darna ait, 's ann ann tha Criod;  
Tha tioralas, is blaths:  
Se sin an t' ait, 's am bi na naoimh,  
Thug aoigheachd cridhe dha.



































